

COTHROM COSNAIDH EMPLOYMENT OPPORTUNITY

CO-FHARPAIS #: 202301 - STIÙIRICHE NA GÀIDHLIG

COMPETITION #: 202301 - GAELIC MANAGER

Tha Baile nan Gàidheal 'na thaigh-tasgaidh mór-roinneil is 'na ionad do bheatha an t-sluaigh ann an Albainn Nuaidh is e a bhios a' mìneachadh sgeul nan Gàidheal an Albainn Nuaidh. Tha e 'na mhiar do Thaigh-tasgaidh na h-Albainn Nuaidhe, air a riaghladh gu h-ionadail le Comunn Baile nan Gàidheal an Albainn Nuaidh.

'S e ar rùn a bhi 'nar n-ionad air cheann do bheatha-sluaigh nan Gàidheal, air ar n-aithneachadh ann an Albainn Nuaidh, gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta mar phrìomh stéidheachd airson leasachadh agus riochdachadh coimhearsnachd Ghàidhealaich bheò is sheasmhaich a mhaireas. Gach bliadhna, thro bheò-dhealbhachd, chuairtean seanchais, phrògraman àraid, bhùithtean-obrach, ghnìomhan air-làmhach is fhor-ruigheachd, thig luchd-tadhail gu Baile nan Gàidheal gus eòlas 'fhaighinn air cànan, cultur is eachdraidh nan Gàidheal an Albainn Nuaidh. Cuideachd, tha an taigh-tasgaidh a' gabhail a' chinn is e a bhios ri co-obrachadh thro iomairtean a bhios ag adhartachadh na coimhearsnachd Ghàidhealaich an Albainn Nuaidh.

Fo sgéith an Àrd-Stiùiriche, 's e an dleasdanas a th'aig Stiùiriche na Gàidhlig a bhi a' stiùireadh prògram na Gàidhlig is a dualchais (a bhi 'ga phlanaigeadh, 'ga chruthachadh, 'ga thogail, 'ga chur an gnìomh, 'ga riaghladh is 'ga sgrùdadh) a th'aig Baile nan Gàidheal, a' toirt a-staigh mìneachadh is prògramachadh na coimhearsnachd, rannsachadh, iomairtean a bhuineas do cheannas na coimhearsnachd Ghàidhealaich is i bhi 'ga togail, agus co-obrachadh leis na Mìogmaic agus le coimhearsnachdan-aithne culturail eile.

Feumaidh luchd-iarrtais sealltuinn gu bheil fileantas is litearras gu àrd ìre 's a' Ghàidhlig aca an cuide ri àrd sgilean culturail is eòlas mu dhualchas is thraidiseanan nan Gàidheal an Albainn Nuaidh. Feumaidh luchd-iarrtais sealltuinn tionnsgalachd is comas gus feadhainn eile a bhrosnachadh. Bidh sgilean eile ri'n lorg 'gan toirt a-staigh: air sgilean ceannardais a shealltuinn, fios air a bhi a' stiùireadh obair-làraich is prìomh-rannsachadh, eòlas air prìomh-stéidhean do dh'fhoghlum nan inbheach, sgilean daingeinn ann a bhi ag obair le sgiobannan, agus fios air làimhseachadh agus co-òrdanachadh ghoireasan luchd-obrach gu h-éifeachdach is gu tàbhachdach. Bu chòir ceumannan anns an eòlas Cheiltis air neo Ghàidhlig a bhi aig luchd-iarrtais.

'S e driachd làn-ùine bhiadhnail a th'innte is i aig a bheil tuarasdail is sochairean an lùib. Tha an tuarasdail fo bhreithneachadh aig an àm a tha an làthair.

- Bidh an tairgse-cosnaidh an urra ri coilionadh sgrùdadh cùl-eòlais a bhios iomchaidh agus deimhinneachadh theisteanas, na dh'fheumas a bhi riarachaidh dhan bhuidhinn-fhasdaidh - a' toirt a-staigh ach gun a bhi cuibhrichte ri sgrùdadh clàir-eucoirean.
- Bheir sinn taic ri iomadaidheachd na h-àite-obrach a bhios 'ga riochdachadh nan daoine ris am bi sinn a' frithealadh. Gabhaidh sinn iarrtasan bho thagraichean uile a' toirt a-staigh ach gun a bhi cuibhrichte ri Daoine Dubha, Tùsanaich, Daoine do Dhathan (DDTDD), daoine air a bheil Bacaidhean agus daoine bho 'n choimhearsnachd LGDTC2+. Ma bhios tu 'gad shònrachadh fhéin mar bhall dhe na buidhnean ceartas seo, tha thu air do mhisneachadh a bhi a' cur a-staigh iarrtas is faodaidh tu a bhi ri d'fhéin-aithneachadh air an iarrtas agad mar as miann leat.
- Tha sinn a' toirt taing dhan luchd-iarrtais uile airson an suime. Cha téid fios a chur air ach an fheadhainn a théid an taghadh airson agallamh.

Gus iarrtas a chur a-staigh, cuiribh cunntas-beatha is litir-chòmhdachaidh gu Àrd-Stiùiriche, Baile nan Gàidheal, 4119 Rathad 223, Sanndraidh, AN, B2C 1A3 air neo cuiribh post-dealain gu rodney.chaisson@novascotia.ca Nach dèan sibh cinnteach 's an iarrtas agaibh dé mar a tha na teisteanasan gu h-àrd agaibh. Feumaidh iarrtasan a bhi ri'm faighinn gun a bhi nas anmoiche na Di-luain, 27 an Gearran, 2023.

Tha Baile nan Gàidheal 'na mhiar do Thaigh-tasgaidh na h-Albainn Nuaidh is e air a riaghladh ann an compàirteachas le Comunn Baile nan Gàidheal. 'S e buidheann-fasdaidh co-ionannachd chothroman a th'ann am Baile nan Gàidheal.

Baile nan Gàidheal | Highland Village is Nova Scotia's Provincial museum and folk life centre for the Gaelic Nova Scotia story. It is part of the Nova Scotia Museum, operated locally by the Nova Scotia Highland Village Society. Our vision is to be the leading Gaelic folk life centre, recognized in Nova Scotia, nationally and internationally as an essential institution for continuing development and representation of a vital and sustainable Gaelic community. Each year, museum visitors come to Baile nan Gàidheal to experience the language, culture, and history of Nova Scotia Gaels, through first person (role playing) animation, storytelling tours, special programs, workshops, hands-on activities, and outreach. The museum also leads and collaborates with initiatives that advance the Gaelic Nova Scotia community.

Reporting to the Director, **Stiùiriche na Gàidhlig** is responsible to lead Baile nan Gàidheal's Gaelic language and cultural program (plan, create, build, implement, administer and evaluate), including on-site and community interpretation and programming, research, community Gaelic leadership and capacity building initiatives, and collaboration with Mi'kmaq and other cultural identity communities.

Applicants must be able to demonstrate a high level of fluency and literacy in the Scottish Gaelic language as well as advanced cultural skills and knowledge of Nova Scotia Gaelic arts and traditions. Applicants must demonstrate creativity and an ability to inspire others. Other skills sought include: demonstrated leadership skills, strong communication skills, experience conducting field work and primary research, knowledge of adult education principles, strong team working skills, and experience managing and coordinating human resources effectively and efficiently. Applicants should hold an academic degree in Celtic or Gaelic studies.

This is a full time year round salaried position with benefits. Salary is currently under review.

- Offers of employment are conditional upon the completion of all applicable background checks and confirmation of credentials, the results of which must be satisfactory to the employer - including but not limited to Criminal Records Check.
- We support workplace diversity that is representative of the people we serve. We welcome applications from all candidates including (but not limited to) Black, Indigenous, People of Colour (BIPOC), Persons with Disabilities and LGBTQ2+ individuals. If you identify as a member these equity groups, you are encouraged to apply and may self-identify on your application if desired.
- We thank all applicants for their interest, however, only those selected for an interview will be contacted.

To apply, send a resume and cover letter to Director, Baile nan Gàidheal | Highland Village, 4119 Highway 223, Iona, NS, B2C 1A3 or e-mail rodney.chaisson@novascotia.ca Please ensure you demonstrate in your application how you meet the above qualifications. Applications must be received no later than 4 pm on Monday, February 27, 2023.

Baile nan Gàidheal | Highland Village is a part of the Nova Scotia Museum and is operated in partnership with the Nova Scotia Highland Village Society. The Nova Scotia Highland Village Society is an equal opportunity employer.

